


Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

COMANN NA CAMANACHD A' FOILLSEACHADH GOIREASAN COIDSIDH ANN AN GÀIDHLIG

10 An t-Ògmhios 2009

Tha buidheann riaghlaidh saoghal na camanachd, Comann na Camanachd, an co-bhonn ri Bòrd na Gàidhlig, a' foillseachah sreath ùr de stuth coidsidh ann an Gàidhlig agus bileag fiosrachaидh dà-chànanach.

Chaidh na cairtean coidsidh a dheasachadh mar ghoireas a chuidicheadh le teagast agus brosnachadh camanachd ann an aonadan Gàidhlig, feuch an rachadh na ceanglan eadar a' Ghàidhlig agus an spòrs a neartachadh. Tha a' bhileag fiosrachaидh ag amas air daoine a tha ùr dhan ghèam agus aig nach eil cus eòlais air freumhan agus eachdraidh na camanachd. Tha stuth ann a' mìneachadh cò às a thànaig camanachd, càite bheileas 'ga chluich an-diugh agus dè mar a thèid aig neach a bhith a' gabhail pàirt ann.

Thèid na goireasan ùra fhoillseachadh aig Cuairt Dheireannach Cupa MhicTàbhais ann an Inbhirnis Disathairne seo tighinn agus gheibh daoine an cothrom clann fhaicinn a' cleachdadadh an stuth ùr còmhla ri coidsichean.

Thuirt Dòmhnull Stiùibhart, Iar-Cheann-Suidhe Chomann na Camanachd: "Tha mòran dhaoine an luib saoghal na camanachd aig a bheil Gàidhlig eadar cluicheadairean, coidsichean agus buill sgiobaidhean agus tha e cudromach gum bi sinn ag obair còmhla riutha, ri Bòrd na Gàidhlig agus Comhairle na Gàidhealtachd ach am bi sin cinnteach gun tèid a' Ghàidhlig agus camanachd bho neart gu neart; 's e deagh thoiseach-tòiseachaidh a tha seo."

Thuirt stiùiriche Leasachaidh Bhòrd na Gàidhlig Dòmhnull Moireasdan: "Tha Bòrd na Gàidhlig ro-thoilichte a bhith a' toirt taic do Chomann na Camanachd anns an leasachadh seo agus tha sinn a' coimhead air adhart gu ceanglan nas dlùithe a thogail le Comann na Camanachd a' dol air adhart. Bu chòir gum biodh barrachd pàirt aig cluicheadairean agus luchd riaghlaidh na Camanachd ann an Saoghal na Gàidhlig. Tha an stuth ùr seo 'na ghoireas a bhios feumail a thaobh a bhith a' neartachadh ceanglan eadar saoghal spòrs agus a' choimearsneachd mhòr taobh- muigh sin.

Le barrachd camanachd a' nochdadadh am bliadhna air BBC Alba, bidh òigridh bho shaoghal na Gàidhlig agus na camanachd air am beò-ghlacadh le na sàr-chluicheadairean is eile a chì iad

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



agus tha e cudromach gum bi am Bòrd agus Comann na Camanachd ag obair nas dlùithe a' neartachadh ar cultar agus dualachas làimh ri làimh. Bidh sinn a' coimhead ri tuilleadh adhartais bhon Chomann a thaobh na Gàdhlig agus gum bi poileasaidh Gàdhlig aca agus leasachaidhean eile a bheir dhuinn an cothrom a bhith a' cruthachadh saoghal ùr a bhios seasmhach agus buannachdail dhuinn le chèile."

Airson barrachd fiosrachaiddh mun stuth ann an Gàidhlig, cuiribh fios gu Comann na Camanachd ann an Inbhirnis air 01463 715931.

Airson tuilleadh fiosrachaiddh mun Naidheachd seo, cuiribh fios gu Comann na Camanachd ann an Inbhirnis air 01463 715931.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



CAMANACHD ASSOCIATION LAUNCH GAELIC SHINTY RESOURCES

10 June 2009

The Camanachd Association, the governing body for shinty, has produced, in partnership with Bòrd na Gàidhlig, a set of Gaelic Coaching Cards and a bilingual shinty information leaflet.

The Coaching Cards were produced to provide a resource for Gaelic medium units to use, in order to create an improved link between the sport of shinty and the Gaelic language. Similarly, the bilingual leaflet is for Gaelic or English speakers who are new to shinty and who do not know a great deal about the sport. Within the leaflet there is information on the origins and history of shinty, who plays the sport today and where you can go to get involved. Both resources are being launched at the MacTavish Cup Final at Bught Park, Inverness on Saturday 13th June where there will be some Gaelic shinty coaching on display preceding the day's shinty action.

Donald Stewart, Vice President of the Camanachd Association, said 'We have many shinty players, coaches and Club Members who are fluent in Gaelic and it is important for us to work with them, Bord na Gaidhlig and the Highland Council to ensure that both the Gaelic language and shinty go from strength to strength; this is a good start'.

Bord na Gaidhlig's Development Manager, Donald Morrison added, "Bord na Gaidhlig is delighted to support this initiative from Comann na Camanachd and looks forward to the sport's administrators and players taking a more active interest in Gaelic and the game's linguistic heritage in the future. The new coaching and information materials will be an important asset and create strong links between the Gaelic communities in schools and the wider sporting world. "With increased exposure on television this season through BBC ALBA, our young shinty players will have plenty of role models to look up to and it is important that the Bord and the Association work together to re-energise the links which we share through the language and our common heritage. The Bord looks forward to further progress by the Association with respect to the development of a Gaelic policy and other developments which will enable us to create a sustainable future for camanachd and Gaelic together."

For more information on the Gaelic resources, please contact the Camanachd Association on 01463 715931.

For further information on the contents of this News Release, please contact the Camanachd Association on 01463 715931